

An Naidheachd Againne

The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society

An Samhradh 2022, Leabhar XXXVIII, Àireamh 2
Summer 2022, Volume XXXVIII, No. 2

Thogadh ann an Talamh an Èisg agus Baile Àtha Cliath, tha Brian air a bhith seinn fad a bheatha. Tha e na neach-ealain clàraidh soirbheachail, a' seinn ann an Gàidhlig na h-Alba, Gaeilge, Albais is Beurla. Tha Brian cuideachd ag obair do Bhòrd na Gàidhlig mar mhanaidsear-maoineachaidh a thuilleadh a bhith teagasg òrain air loidhne agus aig iomadh fèis. Gheibh thu barrachd fiosrachaidh mu Bhrian an-seo: www.brianoheadhra.net.

Raised in Newfoundland and Dublin, Brian has been singing for most of his life. A successful recording artist, he sings in Gaelic, Irish, Scots and English. Brian also works for Bòrd na Gàidhlig as a funding manager, as well as teaching song online and at many festivals. You can find more information about Brian here: www.brianoheadhra.net.

Gàidheil Còmhla:

Ceanglaichean ealantach, cultarail agus cànanach eadar muinntir Gàidhlig na h-Èireann agus na h-Alba san latha an-diugh.

le Brian Ó hEadhra, Inbhir Nis, Alba

Tha rudeigin inntinneach air tachairt thairis àm COVID a thaobh conaltradh eadar daoine. Beagan bhliadhnaichean air ais, cha bhiodh e cho nàdarra no àbhaisteach a bhith a' bruidhinn ri daoine aghaidh ri aghaidh air làraich mar Zoom no MS Teams. Tha cùisean gu tur eadar-dhealaichte san latha an-diugh.

Gaels Together:

Artistic, cultural and linguistic links between the Gaels of Ireland and Scotland today.

by Brian Ó hEadhra, Inverness, Scotland

Something interesting has happened over the time of COVID in terms of human communication. A few years ago, it would not have been so natural or normal to talk to people face-to-face on sites like Zoom or MS Teams. Things are completely different nowadays.



Brian Ó hEadhra

Photos for this article courtesy of Brian Ó hEadhra

In This Issue

Litir bho'n Cheann-Suidhe/Letter from the President.....	4
An tuiséal ginideach "àlainn"!	6
2022 Grandfather Mountain Gaelic Week	7
Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig.....	8
Won't you help An Naidheachd Againne?	10
An t-àite agam fhìn	11
Criomagan / Bits of This and That	12
Litir à Dùn Èideann.....	13
A Website to Watch: Sgeulachdan	14
Bàrdachd airson ar linn	15
Gaelic Crossword Puzzles	16,18
Book Review: <i>Constabul Murdo</i> le Aonghas Pàdraig Caimbeul	17
Tattie Scones (Bilingual Recipe)	19
Dè Tha Dol?	21

Go to www.acgamerica.org for more on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.

Thairis a' ghlaisidh thòisich mi fhìn a dhol gu clasaichean òrain Gaeilge air-loidhne le Bláithín Mhic Cana a tha fuireach ann an sgìre Àrd Mhacha ann an Uladh. Bha e cho math dìreach a bhith ag ionnsachadh òrain ùra na Gaeilge tro mheadhan na Gaeilge le Gàidheil eile. Rinn mi cùrsa ag ionnsachadh Gaeilge air-loidhne cuideachd le Gael Chultar. Chòrd e rium a bhith am measg luchd-labhairt na Gaeilge bho gach cèarn den t-saoghal.

Is ann à Èirinn a tha mi agus tha mi air a bhith a' fuireach ann an Alba fad còig bliadhna air fhichead a-nis. Dh'ionnsaich mi a' Ghàidhlig an seo agus chuir mi mo chuid Gaeilge gu aon taobh leis nach robh mi timcheall luchd-labhairt na Gaeilge gu làitheil. Ach, tron ghlasadh, dh'fhàs an cianalas orm airson Èirinn is a bhith bruidhinn na Gaeilge. Tro theicneòlas is an t-àm a bh' againn ann am pailteas thairis COVID, dh'fhàs an cothrom a bhith ann an conaltradh le Gàidheil air feadh an t-saoghail.

Tron ghlasadh, stèidhich mi buidheann ealain ùr le dithis eile, Joy Dunlop agus Pàdruig Moireasdan, leis an ainm "Ealantas" is an t-amas ealain na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Alba agus thall thairis. Tron bhuidheann ùr a tha seo chuir sinn air dòigh pròiseactan air-loidhne far an d' fhuair sinn cothrom Gàidheil à Alba, Èirinn, Eilean Mhanainn, Alba Nuadh, is eile fhaighinn còmhla airson bruidhinn, seinn, cluich le chèile ann an Gaeilge, Gàidhlig agus beagan Gaelg. Fhuair sinn maoin bho Bhòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail airson cèilidhean is còmhraidhean cruthachail a chlàradh air-loidhne le Gàidheil air feadh an t-saoghail agus a chraoladh air Facebook is YouTube. Abair tlachd a bh' ann a bhith ann an conaltradh le luchd-ealain eile a' comharrachadh ceòl, sgeulachdan is ealain na Gàidhlig, ùr is tradaiseanta. Am measg na daoine a bha nar n-aogheachd bha Dr Micheal Newton, Ruairidh MacIllEathain, Màiri NicIllÌosa, Bláithín Mhic Cana, Diane Cannon, Emily McEwan, Eilidh NicCarraig, agus Dr Màrtainn Mac An t-Saoir.

Ach, ged a bha cèilidhean is còmhraidhean air-loidhne spòrsail is cudromach dhuinn aig an àm, bha faireachdainn ann nach robh an rud seo nàdarra no gu leòr dhuinn mar Ghàidheil. Sheall sinn gun robh e comasachadh Gàidhlig is Gaeilge a chleachdadh eadarainn ach bha na seiseanan goirid agus dh'fhàs daoine sgìth a bhith air beulaibh sgrìnichean coimpiutair fad an latha is oidhch'.

Over the lockdown, I started attending online Irish song classes with Bláithín Mhic Cana, who lives in the Armagh area of Ulster. It was so good just learning new Irish songs through the medium of Irish with other Gaels. I also did an online Irish language course with Gael Chultar. I enjoyed being with Irish speakers from all over the world.

I am from Ireland and have lived in Scotland for twenty-five years now. I learned Gaelic here and put my Irish to one side as I was not around Irish speakers on a daily basis. However, during the lockdown, I grew homesick for Ireland and speaking Irish. Through technology and our time in abundance over COVID, the opportunity to connect with Gaels around the world grew.

During the lockdown, I set up a new arts group with two others, Joy Dunlop and Pàdruig



Seumaidh, Brian, and Joy

Moireasdan, called "Ealantas" with the aim of promoting Gaelic arts in Scotland and abroad. Through this new group we have set up online projects where we have had the opportunity to get together Gaels from Scotland, Ireland, the Isle of Man, Nova Scotia and elsewhere to

speak, sing and play together in Irish, Gaelic and some Manx. We received funding from Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland to record ceilidhs and creative conversations online with Gaels around the world and broadcast them on Facebook and YouTube. It was a pleasure to interact with other artists celebrating Gaelic music, storytelling and art, new and traditional. Guests included Dr Michael Newton, Roddy MacLean, Màiri Gilles, Bláithín Mhic Cana, Diane Cannon, Emily McEwan, Eilidh Cormack, and Dr Martin MacIntyre.

But, while ceilidhs and online conversations were fun and important to us at the time, there was a feeling that this was not natural or enough for us as Gaels. We showed that it was possible to use Gaelic and Irish between us, but the sessions were short and people grew tired of being in front of computer screens all day and night.

Airson ar “càirdeas nan Gàidheal” a shàsachadh rinn sinn co-dhùnadh pròiseact Cuairt nan Gàidheal (Cuairt na nGael sa Ghaeilge) a chur air bhon. Bhiodh Cuairt nan Gàidheal na phròiseact ùr a’ comharrachadh nan ceanglaichean ealantach, cultarail agus cànanach eadar muinntir Gàidhlig na h-Èireann agus na h-Alba. Air a bhrosnachadh leis a’ phròiseact Turas na bhFìlì / Turas nam Bàrd a ruith na bu thràithe san linn seo, bhiodh Cuairt nan Gàidheal ag ath-stèidheachadh cheanglaichean eadar luchd-ealain Gaeilge agus Gàidhlig anns a’ bhliadhna shònraichte – Colmcille 1500, a’ comharrachadh 1500 bho rugadh an naomh ainmeil.

Ann an toiseach a’ Mhàirt 2022, às deidh a bhith air a chur dheth dà thuras, chaidh trì luchd-ealain à Alba gu Uladh airson bùthan-obrach is consartan a chumail le luchd-ealain na Gaeilge ann an ceithir coimhearsnachdan. Chaidh mi fhìn, Joy Dunlop is Seumaidh MacDhòmhnaill air an turas gu Beul Feirste, Gaoth Dobhair, Doire is An Mullach Bán. Abair turas Gàidhealach a bh’ againn; làn seinn, cluich, dannsa, bàrdachd is craic. Fhuair sinn cothrom Gàidhlig is Gaeilge a chleachdadh fad na h-ùine agus dh’fhàs e soilleir dhuinn gu bheil e comasach conaltradh a dhèanamh gu reusanta math eadar luchd na Gaeilge is na Gàidhlig. Rinn sinn agallamhan airson stèiseanan rèidio is làraichean-lìn na Gaeilge. As dèidh dà bhliadhna air a ghlasadh, bha an turas seo na leigheas dhuinne mar luchd-ealain agus don luchd-èisteachd ionadail.

Bidh rudeigin sònraichte a’ tachairt nuair a bhios luchd na Gàidhlig is Gaeilge tighinn còmhla. Bidh sinn a’ fàs mothachail gu bheil ar saoghal Gàidhealach nas motha na dìreach cùisean ann an Èirinn no Alba; gu bheil sinn gu math coltach ri chèile agus gum bu chòir dhuinn a bhith ann an conaltradh nas trice. Tha sgaraidhean air a bhith eadarainn air sgath iomadh rud – eachdraidh, creideamh, colonachadh, is eile. Tha an t-àm ann airson a bhith ag obair is a’ conaltradh nas trice le chèile mar Ghàidheil, ge brith an ann aghaidh ri aghaidh no air-loidhne.

To satisfy our “friendship of the Gaels” we decided to set up the project: *Cuairt nan Gàidheal* (*Cuairt na nGael* in Irish). *Cuairt nan Gàidheal* would be a new project celebrating the artistic, cultural and linguistic links between the Irish and Scottish Gaelic speakers. Inspired by the *Turas na bhFìlì / Turas nam Bàrd* project run earlier this century, *Cuairt nan Gàidheal* would re-establish links between Irish and Gaelic language artists in the special year – Colmcille 1500, the 1500th anniversary of the birth of the famous saint.

At the beginning of March 2022, after being canceled twice, three Scottish artists traveled to Ulster to run workshops and concerts with Irish language artists in four communities. Joy Dunlop and Jamie MacDonald and I went on the trip to



Belfast, Gweedore, Derry and Mullabawn. What a *Gàidhealach* trip we had; full of singing, playing, dancing, poetry and *craic*. We were given the opportunity to use Scottish Gaelic and Irish at all times and it became clear to us that it is possible to communicate reasonably well between Irish and Gaelic speakers. We conducted

interviews for Irish language radio stations and websites. After two years locked up, this tour was a real treat for us as artists and for the local audience.

Something special happens when Gaelic and Irish speakers come together. We become increasingly aware that our Gaelic world is more than just what happens in Ireland or Scotland – that we are very similar and that we should be in more frequent communication. There have been divisions between us for many reasons – history, religion, and colonization amongst them. It’s time to work and communicate more often with each other as Gaels, in whatever way, face-to-face or online.

Am feum thu fios a chur thugainn? / Need to get in touch?

Ceann-Suidhe / president
Iar Cheann-Suidhe / vice-president
Ionmhasair / Treasurer
Rùnaire Ballrachd / Membership Secretary
Deasaiche air Loidhne / Web Administrator

president@acgamerica.org
vicepresident@acgamerica.org
finance@acgamerica.org
membership@acgamerica.org
webmaster@acgamerica.org



Litir bhon Cheann-suidhe le Liam Ó Caiside

A chàirdean còire,

Abair gur e mise a tha air mo dhòigh gun bheil an t-earrach air tighinn mu dheireadh thall, agus an samhradh gu bhith ann a-rithist às dèidh geamhradh nach robh goirid. Tha mi 'n dòchas gum faigh an litir seo sibh slàn, sàbhailte, agus cho sona ri bò ann an loch, neo ri luch ann an lofa, ma's fheàrr leibh.

An toiseach, feumaidh mi taing mhòr a thoirt do thriùir a dh'fhagas am Bòrd againn a dh'aithghearr: Shannon Duncan, Cam MacRae, agus Barbara Lynn Rice. 'S mòr an obair a rinn iad airson ACGA ann an iomadh dòigh mar bhuill den Bhùird. Mura b' e na rinn iad cha bhiodh *An Naidheachd Againne* seo againne. Cha bhiodh Seachdain na Gàidhlig agus nan Òran againn ann an Carolina a Tuath. Agus bha iad cuideachd an sàs ann an iomadh saothair a rinn ACGA tro na bliadhnaichean.

Bidh sinn gan ionndrainn, gun teagamh.

Ach tha ar teirmichean-dreuchd cuingichte, agus cha b'urrainnear fuireach air a' Bhòrd às dèidh dà theirm. Feumaidh iad falbh, agus feumaidh sinne "tapadh leibh gu mòr" a ràdh agus gach meala-naidheachd a thoirt dhaibh. Chì sinn iad a-rithist, tha mi cinnteach.

Ach bidh oifigearan ùra a' tighinn a-steach nan dèidh. Fhuair sibh fiosrachadh o chionn ghoirid mu na tagraichean. Tha sinn gu math toilichte gum bi stiùirichean ùra dhan Bhòrd am-bliadhna. Is mòr am feum againn air saor-thoilich ùra.

Tha mi glè thoilichte gun cruinnich sinn beò ann am Banner Elk, Carolina a Tuath, airson Seachdain na Gàidhlig agus nan Òran anns an Iuchar. 'S e seo a' chiad thachartas beò againn bho thoisich an galar lèir-sgaoilte. Faodaidh sibh tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn agus clàradh air an làrach-lìn againn:

<https://acgamerica.org/2022-gm-gaelic-week/>

Tillidh Màiri NicAonghais air ais na tidsear am bliadhna, agus bidh Stèiseag NicIlleathain agus Jason Bond ann airson a' chiad uair. Tha sinn fìor-thoilichte gun tig iad uile. Tòisichidh an t-seachdain air an Dòmhnach, 3mh den Iuchair, agus ruithidh na cùrsaichean gu Dihaoine,

Letter from the President by Liam Cassidy

Dear friends,

I'm delighted that spring has finally returned and summer is almost here after a winter that wasn't short. I hope this letter finds you all healthy, safe, and as happy as a "cow in a lake," or a "mouse in a loaf," if you prefer.

For starters, I must give great thanks to a trio who will leave the ACGA Board soon: Shannon Duncan, Cam MacRae, and Barbara Lynn Rice. They have done great work for ACGA in many ways as members of the Board. But for them, we wouldn't have *An Naidheachd Againne*. We wouldn't have the Gaelic Song and Language Week in North Carolina. And they have been involved in many of ACGA's labors throughout the years.

We'll miss them without doubt.

But our terms of office are limited, and one can't stay on the board after two terms. They must leave and we must say "many thanks" and wish them the best. We will see them again, I'm sure.

But new officers will come in after them. You have recently received information about the candidates. We are pleased that a number of new directors will be joining the Board this year. We desperately need new volunteers.

I'm delighted we will gather again "live" in Banner Elk, North Carolina, for the Gaelic Song and Language Week in July. This is our first live event since the start of the pandemic. You may find more information on our website:

<https://acgamerica.org/2022-gm-gaelic-week/>

Màiri MacInnes will return as a teacher this year, and we will have Stèiseag MacLean and Jason Bond for the first time. We're truly delighted they will come (from Scotland, Cape Breton, and the US). The week will begin

8mh den Iuchair.

Bidh Bothan Gàidhlig ann aig na Geamaichean Gàidhealach agus Mòd Charolina a Tuath cuideachd air Disathairne, 9mh den Iuchair. Tillibh air ais dha na beanntan agus ionnsaichibh còmhla ruinn!

Na bu tràithe san Òg-mhios, chruinnich sinn air-loidhne a' comharrachadh Latha Chaluim Cille le tachartas sònraichte. Bhruidhinn sinn mu dheidhinn an naomh ainmeil agus an dileab a dh'fhàg e dhuinn. Thachair sinn ri aoighean àraid agus ghabh sinn òran neo dhà. Mura b' urrainn dhuibh thighinn còmhla rinn, leughidh sibh mu dheidhinn san ath iris *An Naidheachd Againne*.

Dè rinn sibh airson Seachdain na Gàidhlig anns a' Mhàrt? 'S iomadh tachartas a bh' ann, air loidhne agus beò ann an àiteachan. Chaidh mi fhèin a bhruidhinn ri Scott Morrison agus Rick Gwynallen bho Sgoil Gàidhlig Bhaile an Taighe Mhòir, agus Micheal Newton, ollamh agus stiùiriche den Hidden Glen Folk School, mu bhàrdachd agus guthan Gàidhealach ann an Aimearagaidh a Tuath. Gheibh sibh na pod-craolaidhean a rinn sinn fhathast air Spotify an-seo.

More than Kilts and Cabers: Scottish Gaelic Voices from North America

<https://open.spotify.com/show/6hS1AHwKrxHCXpJeTYKOg>

Tha mi 'n dòchas gum faic mi sibh air-loidhne neo beò as t-samhradh seo. Slàn agus beannachd.

Liam Ó Caiside

Ceann-suidhe, ACGA

Sunday, July 3rd, and the courses will run through Friday, July 8th.

There will be a Gaelic Tent and North Carolina Provincial Mòd at the Grandfather Mountain Highland Games on July 9th. Come back to the mountains and learn with us!

Earlier in June, we met online to celebrate Calum Cille's Day with a special event. We talked about the famous saint and the legacy he left us. We met special guests and gave a song or two. If you were unable to join us, you will be able to read about it in the next issue of *An Naidheachd Againne*.

What did you do for Global Scottish Gaelic Week in March? I spoke with Scott Morrison and Rick Gwynallen of the Gaelic School of Baltimore, and Michael Newton, director of the Hidden Glen Folk School, about Scottish Gaelic poetry and voices in North America. You will find the podcasts we recorded on Spotify here:

More than Kilts and Cabers: Scottish Gaelic Voices from North America

<https://open.spotify.com/show/6hS1AHwKrxHCXpJeTYKOg>

I hope to see you online or in person this summer. All the best.

Liam Cassidy

President, ACGA

THA A' BHÒT AGAD CUDROMACH! / DON'T FORGET TO VOTE!

ACGA Board of Directors Election



Polls close at midnight June 30

Questions?

Email:

Cam MacRae at cam.macrae70@gmail.com

Shannon Duncan at Shannon.Duncan01@gmail.com

Those of you who have attended the Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week or the U.S. Mòd in the past may have had the absolute pleasure of attending a language or song session taught by Catriona Parsons. Originally from Lewis, Catriona is a long-time advocate for Scottish Gaelic in her adopted home of Cape Breton, as well as throughout North America.

This article first appeared in *An Naidheachd Againne* in 2013, Volume XXIX, No. 4.



An tuiseal ginideach “àlainn”! / The “lovely” genitive case! by *Catriona NicIomhair Parsons*

I was recently reminded by a student who had attended a class of mine at the Gaelic College that I had referred to the Gaelic genitive case as the “lovely” genitive. Actually, when I was studying Linguistics at university, long ago now, and had to write a description of my own language, it was then I discovered for the very first time how beautiful the structures of Gaelic really were.

The word ‘grammar’ strikes fear into the hearts of many, or fills them with distaste. At the same time, it’s in the nature of human beings to respond to patterns; if learners could think of grammar as possessing patterns that allow them to express clear thoughts, and if they would go after them systematically, little by little, they would have fewer difficulties seeing both the forest and the trees.

As we know, living languages change over time. You will hardly ever see the genitive case used in Scotland these days in an indefinite noun following a verbal noun; e.g., most people would write “*a’ cur eagal*”, which is usually understood as “at putting of fear”. But that construction would traditionally require the genitive case in the word ‘fear’ – “*a’ cur eagail*” – thus rendering the ‘l’ slender instead of broad. Gaels in Scotland often consider us here in Nova Scotia ‘old-fashioned’; but we see ourselves as more conservative of traditional Gaelic structures. However, in a true possessive noun phrase, the genitive case must be used even when the noun in question is indefinite; e.g. “*duan bàird*”, a bard’s poem. But expect to see the genitive case in play after verbal nouns – at least in good Gaelic – and when the connection is possessive, when the noun in question is definite – i.e., preceded by the (definite) article.

Part of the difficulty for learners is the complex nature of the article in Gaelic. Let’s look at a little group of nouns pertaining to the family – a short declension, in the singular. (A declension is a group of nouns sharing the same patterns).

The (nominative) subject case with article:

Masculine

an t-athair: the father
am bràthair: the brother
an seanair: the grandfather

Feminine

a’ mhàthair: the mother
a’ phiuthar: the sister
an t-seanmhair: the grandmother

Compare the ways in which the article behaves in the subject case:

Along with **masculine nouns** beginning

- a) with a vowel, **an t-**
- b) with b, f, m, p (labial consonants), **am**
- c) with every other consonant, **an**

Along with **feminine nouns** beginning

- a) with a vowel, f+vowel, d,t, l,n,r, **an**
- b) with s, sl, sn, sr, **an t-**
- c) with b, c, d, g, m, p, **a’+ lenition**

That’s the pattern of the article with singular nouns in subject case, no matter what declension they belong to!

Now, did you notice that every one of these family words ends in **-air** – except **piuthar**? That noun is irregular. Here they are in the genitive case with article, where the slender ‘r’ morphs into a broad ‘r’:

taigh an athar: the father’s house
taigh a’ bhràthar: the brother’s house
taigh an t-seanar: the grandfather’s house

taigh na màthar: the mother’s house
taigh na peathar: the sister’s house
taigh na seanmhar: the grandmother’s house

Notice that the masculine nouns in the genitive case follow the pattern of the article found in the feminine nouns, subject case! The feminine nouns are – as it were – ahead of the masculine nouns in this respect! And in the singular forms of the feminine nouns, genitive case, the article remains the same: **na**. (One small point: **na h-** is used if the noun begins with a vowel, e.g. *bun na h-aibhne*.)

Second last point: Notice that each word ending in **-air** goes to **-ar** in the genitive singular. In the word for sister, ‘*piuthar*’, the genitive form is disappearing, at least in speech. Usually today, it’s **taigh mo phiuthar** that one hears instead of **taigh mo pheathar**.

Plural forms of these nouns are, in the subject case: **na h-aithrichean, na bràithrean, na seanairean; na màthraichean, na peathraichean, na seanmhairean**; and in the genitive case: **nan aithrichean, nam bràithrean, nan seanairean; nam màthraichean, nam peathraichean, nan seanmhairean**.

There you have the patterns, then, of genitive and subject case, with article, in this tiny declension!

2022 Grandfather Mountain & Mòd Gaelic Song and Language Week

This year ACGA’s Scottish Gaelic Song & Language Week will be held in person at Lees-McRae College in Banner Elk, North Carolina, from Sunday, 3 July 2022 to Friday, 8 July 2022. The GS&LW features four days of instruction with several classes a day to choose from. This year’s instructors are Màiri MacInnes, Stacey MacLean, and Jason Bond. The costs are listed on the registration form. The GS&LW will be followed on Saturday by the North Carolina Provincial Gaelic Mòd, a song competition, held at the Grandfather Mountain Highland Games, in Linville, North Carolina.

Registration is now open until Friday, June 24, 2022 at:

<https://acga.wufoo.com/forms/grandfather-mtn-gaelic-song-language-week-2022/>

You’ll find complete information about the event, including teacher bios and a list of items that you may find useful to bring with you on our website here: <https://acgamerica.org/2022-gm-gaelic-week/>



Màiri MacInnes



Stacey MacLean



Jason Bond

Tha Iain air dùsgadh ann an uaimh mhòir, is cat mòr buidhe ag imleachadh aodann le teanga gharbh. Ach cò eile a th' ann agus càit a bheil iad?

Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig le Liam Ó Caiside

Caibideil Fichead 's a Dhà: Long-Bhriseadh

“Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn, dh'eilean mara fada bho thìr ...”
– Òran Gàidhealach

“Dhùisg Iain anns an leth-dhorchadas air tràigh ghairbhealach,” ars an sgeulaiche, a' leantainn ri a sgeulachd. “Bha a chasan fhathast san uisge, ach bha a chom air an tràigh. Bha e cho fliuch ri sgarbh.

A' chiad rud a mhothaich e, b' e gun robh e ann an uaimh mhòir, glè mhòr le mullach àrd. Bha toll anns a' mhullach agus thuit gathan-grèine sìos troimhe air gluma mhòr uisge far a bheil Saighead Sgàthaich bhochd na laighe. Bha a crann briste.

Bha toll neo beàrn mhòr eile ann am balla na h-uaimhe, far a bheil an fhairge a' tighinn a-steach. Sin mar a thàinig am bàta a-steach.

An dàrna rud a mhothaich e, b' e gun robh teanga gharbh ag imleachadh aodann. Bha pliu air a bhathais, a' cumail a cheann sìos. Cò bh' ann ach Gugtrabhad an cat mòr ruadh. “Stad! Stad!” arsa Iain, ag èirigh na shuidhe. Sgeann Gugtrabhad air Iain le a shùil mhòr uaine. “Na h-abair ‘taing’, ged bha thu bàite,” thuirt e.

Thug Iain sùil na b' fheàrr air an àite far an robh e. Bha an uamh coltach ris an uaimh a ris an abair iad Uamh Fhinn ann an Stafa, làn cholbhan àrda basalt. Bha dà ròn a' snàmh thuige thairis na gluma agus nuair a ràinig iad an tràigh 's e Nighean an Sgàthain agus Dearbhlaidh a bh' ann.

“Tha sinn uile beò,” thuirt Nighean an Sgàthain ris. “Ciamar a tha thu fhèin? Bha eagal orm gun deach do bhàthadh!”

“Chaidh a bhàthadh, ach shàbhail mise am balach,” arsa Gugtrabhad. “‘S math gun tàinig mi còmhla ribh.” Agus thòisich e ga ghlanadh fhèin air an tràigh.

“Tha mi ceart gu leòr, a-nise,” thuirt Iain. “Ach dè mu dheidhinn a' bhàta?” Rinn Dearbhlaidh braoisg. “Cha tèid i a-mach à seo a dh' aithghearr, a rèir Mac Glumaig,” thuirt i.

“Chan eil sgeul air Cnàmhan Dubha agus m' athair, co-dhiù,” arsa Nighean an Sgàthain, a' coimhead a-mach air a' mhuir tron mhòr-sgor. “Chan eil fhios aig Dia cho luath 's a bha sinn a' seòladh nuair a leig thu na gaoithean mu sgaoil!”

Sheas Iain gu mall. “A bheil slighe a-mach às an uaimh seo?” dh'fharraid e. “Tha dhà dhiubh ann,” thuirt Dearbhlaidh. “An t-slighe a leig sinn a-steach, agus an t-slighe shuas.”

Thomh i suas air an toll ann am mullach na h-uaimhe fada os an cionn. “Chaidh Ceann-Cleiteag suas ann an cruth eòin, ach cha tàinig e air ais fhathast. Tha Mac Mhanainn a' toirt cuideachaidh do Mhac Glumaig anns a' bhàta.”

“Chaidh sinne a-mach a shnàmh anns an fhairge, ach chan fhaca sinn ach sgallan agus sgùrran,” thuirt Nighean an Sgàthain. “Cha robh dòigh ann iad a dhìreadh.”

Choisich Iain agus na nigheanan air an tràigh dhan bhàta, Gugtrabhad a' leum bho chreag gu creag. “An deach mo bhàthadh ann an da-rìreabh?” dh'fhaighnich Iain den chat. “Bha aon chas agad thar balla a' bhàis agus na h-èisg a' deasachadh fàilte dhut,” fhreagair Gugtrabhad. “Tapadh leat, tha mi fada nad chomain, ma-tà,” thuirt Iain ris. “Tha,” arsa an cat.

Thachair iad ri Mac Mhanainn agus Mac Glumaig trang ag obair. “‘Ille dhuibh nan eun! Tha mi toilichte



d' fhaicinn,” thuir an duine sìth. “Shaoil mi gun robh thu caillte.”

“Bha e caillte,” thuir Gugtrabhad. “Nach innis mi dhuibh gun robh e bàite? Shàbhail mi e.”

“Bha sinn uile gu bhith caillte,” arsa Mac Mhanainn. “Agus ’s dòcha gum bi sinn fhathast. Tha an cuid as motha den bhiadh againn millte aig an uisge a thàinig a-steach dhan chaibean.”

“Na gabh dragh mu sin,” thuir Dearbhlaidh. “Nach cuimhnich thu an tubhailte a thug a’ bhan-shithe dhomh? Tha i anns a’ bhaga agam air bòrd.” Chaidh iad air bòrd agus thug Dearbhlaidh a tubhailte às a бага. Nuair a sgaoil i an tubhailte a-mach air an deic, leum a h-uile sian a b’ fheàrr na chèile air: gach im agus càise agus feòil, uisge glan ann an cupannan agus fion.

Nuair a ghabh iad am biadh, bhruidhinn iad mu dheidhinn na thachair dhaibh.

“Ged tha sinn ann an staing, ’s mòr na b’ fheàrr a bhith san uaimh seo neo ann an greim an spùinneadair,” thuir Mac Glumaig. “Dh’fhaodainn am bàta a chàirich nam biodh fiodh againn. Am b’ urrainn dhuibh aon seòrsa draoidheachd a dhèanamh a bhiodh freagarrach?” thuir an duine sìth, a’ coimhead air Iain agus Nighean an Sgàthain.

“Chan urrainn dhuinn fiodh a tharraing às na clachan,” arsa Mac Mhanainn gu gruamach. “Seallaibh suas,” thuir Dearbhlaidh, a bha coimhead air an toll. “Tha ar caraid a’ tilleadh.”

Gu h-àrd os an cionn, chunnaic iad iolair-uisge a’ tighinn a-nuas gan ionnsaigh. Nuair a ràinig e an deic, ’s e Ceann-Cleiteag a bh’ ann, fiamh a’ ghàire air aodann.

“A charaidean,” thuir e, “ged tha e dorcha, dubharach ann a’ sheo, tha e geal grianach shuas an sin. Tha an t-eilean seo cuibheasach mòr, le raointean, coilltean agus cnuic. Chunnaic mi loch beag, alltan, agus easan a’ dol thairis nan creaganan dhan mhuir fada shìos. Chunnaic mi caoraich agus bà, ach chan fhaca mi daoine. Tha creaganan àrda air gach taobh an eilein. Chan fhaca mi dòigh sam bith thigheinn a-nìos on mhuir, ach tron uaimh seo.”

“Cha b’ urrainn dhomh itealaich,” thuir Mac Glumaig. “Agus chan fheum thu,” arsa Ceann-Cleiteig.

“Chunnaic mi staidhrichean nuair a bha mi shuas, staidhrichean nach fhaic sibh an seo. Feumaidh ’s gum biodh sinn ga faighinn ann an àiteigin air cùl nan colbhan.”

Chaidh iad a lorg nan staidhrichean agus air cùl na h-uaimhe, ann an àite leth-fhalaichte, fhuair iad doras mòr briste agus tunail le ceumannan a’ dol suas ann. Bha gut faisg air làimh cuideachd far an robh seann-churach na laighe, a taobhan briste.

“Tha fhios againn gun robh daoine ann uair, ged nach fhaca tu duine beò shuas,” thuir Iain ri Ceann-Cleiteig. “Saoil cò rinn an tunail agus staidhrichean, agus dè thachair riutha?” arsa Mac Mhanainn. “Cha b’ ann an-dè a bha iad an seo.”

Thuir Nighean an Sgàthain facal, agus nochd cruinne beag de sholas na làimh.

“Bu chòir dhuinn faighinn a-mach dè th’ ann a’ seo, co-dhiù,” thuir i. “Cha bhithinn glè chofhurtail mura bhiodh fhios againn dè bhiodh ann.”

Thòisich iad na staidhrichean a dhireadh, an cruinne beag de sholas a’ fleodradh romhpa. Chaidh iad suas gu mall. Bha seann-sgoragan anns na staidhrichean. Bha mullach na tunaile gu math àrd, dà through dheug, ’s dòcha. Às dèidh uairean, thàinig iad a-mach às an tunail. Dh’fhaodadh iad coimhead a-nuas thar balla ìosal air a’ bhàta fada shìos. Bha na staidhrichean a’ cromadh ann an lùb cho fada ’s a bha iad a’ direadh nas àirde. Bha iad a’ teannadh ris a’ mhullach.

Mu dheireadh ’s mu dheaghaidh, thàinig iad gu ceann-staidhre còmhnard, leacach. Chùm na staidhrichean a’ dol suas, ach bha doras air an làimh chli. Cha robh e dìreach dùinte. Bha iad uile cho sàmhach ri luch eaglais, a’ seasamh nan tost ri taobh an dorais, ag èisteachd airson fuaim.

“Am bu chòir dhuinn a dhol a-steach?” dh’fhaighnich Dearbhlaidh. “Chan eil sinn ro fhada bhon mhullach no bhon fhosgladh,” thuir Mac Glumaig. “Fuirichibh an seo, agus thèid mise a-steach. Tha mi cho beag, cho sàmhach, nach fhaic neach sam bith mise,” ars an cat Gugtrabhad.

Chaidh an cat thairis air an stairsich, a-steach tro fhosgladh an dorais, agus à sealladh. Dh’fhuirich iad air a’ chlàbadaich gus an cuala iad dranndan garbh Ghugtrabhad air an taobh eile.

“Thigibh a-steach,” ars an cat, “ach cha toil leam an

t-àite.” A-steach leotha, leis a’ chruinne bheag de sholas a’ fleodradh romhpa. Bha iad ann an seòmar nach robh mòr, le bòrd, being, preas, cagailt, sèithear, agus leabaidh. Ach bha a h-uile rud nas motha na bha an dùil. Cha mhòr nach do ràinig an làmhan clàr a’ bhùird, agus nach b’ urrainn dhuibh suidhe air a’ bheing.

“Uill, tha fhios againn a-nise dèan t-seòrsa duine a dh’fhuiricheas ann a’ seo,” arsa Mac Glumaig. “Agus cha b’ fhiù dhuinn fuireach an seo gus an till e dhachaigh.”

“Ach is dòcha gun do dh’fhalbh e bliadhnaichean air ais,” thuirt Mac Mhanainn. “Seall air a’ bhòrd. Am faca tu duslach ann?” dh’fharraid Gugrabhad. “Tha

boladh neònach ann cuideachd, ged nach tug sibh an àire dha. Bha cuideigin ann a’ seo latha neo dhà air ais, tha mi cinnteach.”

“Ach dèan seòrsa duine a bh’ ann?” arsa Nighean an Sgàthain. Chaidh a freagairt bhon doras, far an robh fear mòr, glè mhòr, na sheasamh. “Famhair,” thuirt e. “S e famhair a th’ annam.”

“Famhair!” thuirt Calum, nuair a stad an sgeulaiche airson balgam uisge. “Mura robh iad ann an cunnart am beatha roimhe seo, tha iad a-nise.”

“S iomadh car a tha san t-saoghal,” thuirt an sgeulaiche, “agus iomadh cunnart. Chì sinn dè cho cunnartach ’s a bha am famhair seo.”

Nach Cuidich thu *An Naidheachd Againne?* Won't you help *An Naidheachd Againne?*

Here are some of the ways you can volunteer so that we can continue to provide a quality, bilingual Scottish Gaelic quarterly to ACGA members. There are plenty of ways to help, even if you can't read Gaelic (yet!)

- Proofread articles in either English or Gaelic – we'll help with guidelines.
- Become an assistant layout editor. We're delighted to say that our current editor, Suzanne McDougal, isn't going anywhere anytime soon, but we feel it prudent to have a backup layout editor. If you have a few Windows computer skills, we will provide training (and software, if necessary).
- Send us your favourite recipe – we'll help you with the Gaelic translation.
- Tell us what's happening in your Gaelic community by writing short articles about local events in English or Gaelic.
- Find appropriate open-source graphics as needed to accompany articles.

Interested? Email membership@acgamerica.org



Graphic by Tumisu,
www.pixabay.com

An t-àite agam fhìn

“An t-àite agam fhìn” is where you will find short pieces by ACGA members and friends about their families, their homes, and their world. In this issue, Hilary NicPhàidein writes about her upcoming trip to Scotland, and Cam MacRae tells us about the latest fighe aig astar knitting project.

And if you would like to try your hand at a short anecdotal piece in Gaelic about the place where you live or the people in it, we'd love to publish it in “An t-àite agam fhìn”. Don't worry about making your Gaelic perfect. We'll help you with the editing process.

Fighe aig astar

le Cam MacRae

A bheil thu eòlach air Sgàthach? Uill, 's e banrigh ghaisgeil Ceilteach a bh' innte, agus ma bhios tu a' leughadh *Sgoil nan Eun* san iris seo, bidh fios agad gun do thog i caisteal anns an Eilean Sgitheanach, an aon chaisteal anns an robh Iain a' frithealadh na sgoile.

Ciamar a tha Sgàthach ceangailte ri fighe? An e figheadair a bh' innte? Chan eil fhios a'm, ach nuair a chunnaic mi pàtran fighe leis an ainm “Scathach's Hat,” air Ravelry, bha fhios a'm gun robh mi a' dol ga dhèanamh air sgàth 's gun d' rinn Mona NicLeòid, boireannach Gearmailteach aig a bheil Gàidhlig, am pàtran.

'S e seòrsa de bhonaid a th' anns an ad seo, is am bann air a dhèanamh le dualan Ceilteach. Dh'innis càch ann am buidheann fighe againn, Fighe Còmhlà, gun robh iad airson a dhèanamh cuideachd. Ged a chuir sinn feum air an aon pàtran, tha na h-adan aig gach tè againn eadar-dhealaichte. Rinn Hilary NicPhàidein bonaid ghorm fhasanta, agus tha na dhà a rinn Janice Chan cho grinn 's a ghabhas! Tha an tè aig Annag Landin ioma-dhathte agus aotrom, ach tha an tè agamsa liath trom le coltas cudromach oirre. Nach sinn uile a bhios cofhurtail is snasail as t-fhoghar nuair a thig e.

Ma bhios ùidh agad ann an ad ùr flighe, tha am pàtran, “Scathach's Hat” ri fhaotainn saor an asgaidh an seo air Ravelry. <https://www.ravelry.com/patterns/library/scathachs-hat>



Hilary NicPhàidein



Janice Chan



Cam MacRae



Anne Landin

A' falbh air dàna-thuras

le Hilary NicPhàidein

Tha mi a' sgeamachadh a dhol a dh'Alba. Chan eil mi air mo phiuthar no mo dhithis bhràithrean fhaicinn o chionn faisg air trì bliadhna. Le sin thèid mi a Dhùn Dè ann an taobh an ear na dùthcha agus a Laurieston, baile beag faisg air Caisteal Dhùghlais, san iar-dheas. Ach ro na cèilidhean sin, thèid mi a Leòdhas fad seachdain agus an uairsin a Ghlaschu fad seachdain eile.

Gheibh mi càr air mhàl ann an Steòrnabhagh. Bidh feum agam air càr air sàillibh 's gum bi mi a' fuireach ann an àite-còmhnaidh ann an Grinneabhat air taobh an iar an eilein. 'S ann le Urras Coimhearsnachd Bhradhagair agus Arnoil a tha an t-àite-còmhnaidh. Tha mi cinnteach gum bi mòran chothroman ann gus Gàidhlig a bhruidhinn. Fhad 's a bhios mi ann an Leòdhas bidh iomadh àite ann a bu toil leam fhaicinn – Tursachan

Chalanais, Clach an Truiseil, carragh-chuimhne call na h-Iolaire, Port Nis agus Cnàimh na Muice-mara, mar eisimpleir. Bidh càr feumail gu dearbha.

Gach uair a bhios mi ann an Glaschu thèid mi an-còmhnaidh gu Rathad Achadh a' Mhansa far am faighear Comhairle nan Leabhraichean. Ceannaichidh mi dhà no trì leabhraichean. Ged a thogadh mi ann an Alba, tha iomadh àite ann air nach eil mi eòlach. Mar sin dheth gabhaidh mi trì tursan-latha air a' Ghàidhealtachd fhad 's a bhios mi ann an Ghlaschu.

Innsidh mi dhuibh mu dheidhinn an turais agam anns an ath chuairt-litir.

